

CHALLENGE POVERTY WEEK



Dè th' ann an Seachdain Dhùbhlán don Bhoachdainn?

Ann an Alba, tha sinn a' creidsinn ann an ceartas agus coibhneas.

Le sin, tha e fada ceàrr gu bheil aon neach às gach còignear glaiste ann am bochdainn agus a' strì gach latha gus cumail a' dol.

Tha tòrr a bharrachd dhaoine air an glachadh ann an sruth na bochdainn sna làithean seo, le cosgaisean ag èirigh agus tòrr dhaoine air teachd-a-steach nach eil a' cumail suas leotha.

Tha Seachdain Dhùbhlán don Bhoachdainn na cothrom ar guthan a thogail an aghaidh ana-cheartas na bochdainn, agus gus tighinn còmhla ri ceudan de bhuidhnean air feadh na h-Alba a tha a' seasamh airson dùthaich far a bheil ceartas agus cothromachd ann dhuinn uile.

'S urrainn dhuinn obair còmhla gus dùbhlán a thoirt do bhoachdainn agus soirbheachas a thoirt don a h-uile duine.

Còmhla, 's urrainn dhuinn dùthaich a chruthachadh far a bheil beatha le urram agus saorsa againn uile.

Nach aonaich sinn gus dùbhlán a thoirt don bhoachdainn.



#ChallengePoverty #CPW24

DUILLEAG 1

Dè th' ann an Seachdain Dhùbhlain don Bhoachdainn?



Amasan:



Gus guth aonaichte a thogail ann aghaidh na bochdainn, a' dearbhadh gu bheil sinn son a bhith beò ann an Alba le ceartas agus cothromachd.



Gus taic agus fios a thoirt air na gnìomhan agus polasaidhean a lughdachas a' bhochdainn.



Gus seasamh an aghaidh an nàire a thèid a chur air daoine bhios beò air turastail ìosal.

Tha Seachdain Dhùbhlain don Bhochdainn na àm sònraichte do mhòran sa choimhearsnachd, le barrachd bhuidhnean an sàs innte ann an 2023 na bha a-riamh - 500 dhiubh, bhon treas roinn, roinn an foghlaim, gnothachasan, comhairlean, buidhnean creideimh, agus eile!



Tha e fada ceàrr gu bheil àireamh cho mòr de dhaoine ann an Alba glaiste sa bhochdainn.

Tha Seachdain Dhùbhlán don Bhochdainn na cothrom a dhèanamh soilleir nach eil leisgeul ann airson sin idir. Tha sinn an dòchas gun sgaoil sibh na prìomh theachdaireachdan againn, gun cuiridh sibh tachartasan air dòigh tron t-seachdain, agus ur guth a thogail le buidhnean eile air feadh na h-Alba.

Tha comas againn dùthaich a thogail far a bheil gu leòr aig a h-uile duine a bhith beò ann an saorsa, urram, agus tèarainteachd.

Tha comas againn tèarainteachd shòisealta a neartachadh, Turastail Bheò a phàigheadh, seirbheasan sòisealta matha a thogail...

agus eaconomaidh ath-nuadhachadh gus feumalachdan dhaoine a choileanadh.

Còmhla, 's urrainn dhuinn cùl a chur ris a' bhochdainn ann an Alba!



Polasaidhean

Gach bliadhna, bidh Seachdain Dhùbhlán don Bhochdainn a' toirt àire air polasaidhean a bhios gar cuideachadh gus daoine a shaoradh on bochdainn.

Chaidh iad a dhèanamh gus na luachan cùmanta againn, ceartas agus coibhneas, a chur an gnìomh - a' sealltainn do luchd-politeags is eile dè tha dhìth gus Alba a dhèanamh na dùthaich far nach eil bochdainn ann.

Thoir sùil air na polasaidhean air povertyalliance.org/CPW air neo cuir post-d do chloe.campbell@povertyalliance.org



#ChallengePoverty #CPW24

DUILLEAG 4

Tèaman

Tha fios againn gum bi tòrr bhuidhnean a' cleachdadh na tèaman a bhios sinn a' moladh gach latha tro Sheachdain Dhùbhlán do Bhoichdainn. Ach chan eil e deatamach. 'S urrainn dhut sùil a thoirt air na cuspairean a tha cudthromach dhuibhse latha sam bith.

Diluain

Dimàirt

Diciadain

Diardaoin

Dihaoine

Disathairne agus
Didòmhnaich / Là na
Sàbaid

Coimhearsnachd
agus saor-thoilich

Taigheadas

Turastail fhreagarrach

Còmhhdail

Biadh

Cnuasachadh

Tha tòrr goireasan ann mu gach tèama sna polasaidhean CPW againn air:
www.povertyalliance.org/CPW



Gabh pàirt innte!

Bidh na daoine a bhios a' gabhail pàirt ann an Seachdain Dhùbhlán do Bhoichdainn gu tric ag innse dhuinn gur e rud luachmhor a th' ann. Ge bi dè seòra buidheann anns a bheil thu an sàs, tha eiseimplearan againn mu thachartasan a bhios freagarrach dhuibh. Tha tòrr beachdan agus molaidhean againn, ach chan iad deireadh na sgeul idir. Gach bliadhna, bith ceudan de bhuidhnean eadar-dhealaichte a' gabhail pàirt agus bidh iad gu tric a' cruthachadh rudan ùr agus sònraichte. Gheibh sibh fios agus comhairle a bharrachd bho alyson.laird@povertyalliance.org.



#ChallengePoverty #CPW24

DUILLEAG 6

'S dòcha gum b' urrainn dhuibh còmhradh a chur air dòigh mu ghnothaichean ionadal neo nàiseanta, neo òraid mu dheidhinn rannsachadh ùr, neo mu dheidhinn sgeulachdan nan daoine a bhios a' strì air turasdail ìosal. 'S e dòigh math a th' ann gus taic a bhrosnachd airson na fuasglaidhean do bhochdainn, agus gus daoine a phiobreachadh a bhith an sàs.

San èisdeachd, 's dòcha gum bi sibh ag iarraidh:

- Luchd-profeseanta ionadal
- Sgoilearan neo oileanaich
- Muinntir na coimhearsnachd
- Luchd-poilitigs, neo oifigearan
- Daoine san aon àite-obrach



Cuspairean?

- Bochdainn agus neo-ionannachd
- Bochdainn a-measg luchd-obrach
- Bochdainn agus slàinte / slàinte inntinn
- Bochdainn chonnaidh
- Bochdainn bhìdh
- An nàire a thèid a chur air daoine ann am bochdainn
- Bochdainn agus blathachadh na cruinne
- Na ceangalaichean eadar bochdainn agus gnè, cinnidheachd, neo ciorramachd

Foillsich rudeigin ùr tron t-seachdainn

Am bi am buidheann agaibh a' foilleashach rannsachadh ùr, neo aithisg air cuspair ceangailte ris a' bhochdainn? Iomart ùr, 's dòcha, neo seirbhis ùr gus daoine a chuideachadh.

Leis gum bi Seachdain Dhùbhlain don Bhochdainn mar thà a' toirt àire dhaoine don chuspair mhòr, 's e deagh àm a th' ann na rudan ùra seo a' chur air bhog.

'S urrainn dhuinn cuideachadh na tha thu a' dèanamh air loidhne agus anns na naidheachdean. Cùm fios ri david.eyre@povertyalliance.org

Iomair son atharrachadh!

'S dòcha nach eil ùine neo comas agaibh tachartas a chur air dòigh tron t-seachdain. Tha teans agaibh a bhith ag iomairt airson atharrachadh fhathast le ceuman beaga, sìmplidh.

Seo agaibh eisimpleirean:

- Sgrìobh don BhPA neo BhP agaibh gus iarraidh orra taic a chumail ri gnìomhan an aghaidh na bochdainn. Tha teamplaidean air an làrach-lìn againn.
- Bruidhinn ri BPA neo BP, neo ris na meadhanan mu dheidhinn an dòigh sa bhios bochdainn a' bualadh air daoine sa choimhearsnachd agad fhèin.
- Sgaoil stuth air na meadhanan sòisealta mu dheidhinn na tha a' dol tron t-seachdain
- Gabh pàirt ann tachartasan ionadail eile





Ag iomairt air loidhne

'S tric gum bidh iomairtean air loidhne a cheart cho soirbheachail ri dòighean traidiseanta, agus tha iad mar chothrom gus ceangal a dhèanamh ri tòrr dhaoine agus teachdaireachdan mu dheidhinn na bochdainn a sgaoileadh dhaibh.

Seo cuid de na gnìomhan air-loidhne 's urrainn dhuibh a dhèanamh rè Seachdain Dhùbhlain don Bhochdainn:

Molaidhean son buaidh nas motha

- Cuir air dòigh deasbad no tachartas air-loidhne
- Cleachd taga-thais: #ChallengePoverty #CPW24
- Tha tòrr grafaigean airson na meadhanan sòisealta, agus teamplaidean gus na grafaigean agaibh fhèin a chruthachadh, air an làrach-lìn againn povertyalliance.org/CPW
- Cuir post-d chun BhPA no BP ionadail agad agus cuir fios ribh air na meadhanan sòisealta
- Dèan bhidio a' beachdachadh air cuspair a tha cudromach dhuibh. Dh'fhaodadh sibh taga a chur ri luchd-poilitigs is eile.
- Sgrìobh bloga mun eòlas agaibh fhèin air bochdainn neo mar a tha a' bhuidheann agad a' dèiligeadh ris
- Tòisich athchuinge air-loidhne mu dhuilgheadas sònraichte a tha thu airson atharrachadh

- Cuiribh taga ann do luchd-poilitigs, ma tha sibh ag iarraidh orra rudeigin a dhèanamh
- Cuiribh taga ann do na pàipearan-naidheachd, neo meadhanan eile
- Cuiribh taga do bhuidhnean eile, mar charthannasan mòra agus daoine eile aig a bheil èisteachd mòr
- Gu tric - 's ann as giorra as fheàrr!
- Bidh sinn a' tabhainn trèanadh air dòighean gus teachdaireachdan fhrèamadh ann an dòighean èifeachdach - cuiribh fios gu david.eyre@povertyalliance.org.





Bruidhinn ri luchd-poilitigs

Tha dleastanas laghail air Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail na h-Alba bochdainn chloinne a lùghdachadh, agus mar sin tha còir agaibh ceistean a chur air na BPA agus comhairlichean agaibh.

Thug gach pàrtaidh poilitigeach a bha air a riochdachadh ann am Pàrlamaid na h-Alba gealltanais gun lughdaich iad bochdainn rè iomairt an taghaidh 2021.

Faighnich dhaibh dè an gnìomh a tha iad a' gabhail gus na h-amasan sin a thoirt gu buil.

Faodaidh sibh bruidhinn riutha ann an diofar dhòighean, gu pearsanta aig na seiseanan poblach a bhios

iad a' cumail ann an coimhearsnachdan, tro phost-d neo, air a' fòn.

Bruidhinn riutha mu na cùisean a tha cudromach dhut neo mun obair a tha sibh ris mar bhuidheann. Faodaidh sibh bruidhinn riutha mar neach fa leth gu pearsanta, neo mar phàirt den bhuidheann agaibh.

Tha fiosrachadh mu dheidhinn BP, BPA agus comhairlichean ionadail air an làrach-lìn writetothem.com. Cuideachd, tha goireasan aig povertyalliance.org/cpw gus ur cuideachadh le bhith a' conaltradh ris na riochdairean agaibh.



#ChallengePoverty #CPW24

DUILLEAG 8



Aig deireadh na seachdaine

'S e cothrom air leth a th' ann an Seachdain Dhùbhlan don Bochdainn gus tighinn còmhla agus aire dhaoine a thoirt air a' chuspair mhor seo, agus air na fuasglaidhean a bhios a' cuideachadh gus bochdainn lughdachadh. Ach airson crìoch a chur air bochdainn, feumaidh sinn ar n-oidhirpean a chumail suas fad na bliadhna.

Seo rudan 's urrain dhaibh a dhèanamh às dèidh deireadh na seachdaine:

- Cumaidh oirbh a' roinn artaigilean agus rannsachadh air a' chuspair
- Cleachd Seachdain Dhùbhlan don Bhochdainn gus iomairt ionadail neo nàiseanta a dhealbhadh
- Ma sgrìobhas sibh chun nan riochdairean poilitigeach agaibh, lean oirbh bruidhinn riutha
- Leanaibh air adhart a' toirt taic do bhuidhnean ionadail agus nàiseanta anns an t-strì an aghaidh a' bhochdainn

Gabh pàirt anns na h-iomairtean againn, neo anns a' bhuidheann againn airson daoine le eòlas air a bhith beò air tuarastail bheaga, neo gabh ballrachd ann an Caidreachas na Bochdainn! Tadhail air povertyalliance.org gus tuilleadh fhaighinn a-mach.



Glac aire!

Ge bith dè an tachartas a tha thu an dùil a chur air dòigh tron t-seachdainn - feuch an cuir sibh e ris a' mhìosachan againn! 'S e deagh dhòigh a th' ann gus an tachartas agaibh a bhrosnachadh agus gus sealltainn gu bheil sibh nur pàirt den t-seachdainn.

Bidh sinn cuideachd a' cleachdadh a' mhìosachain gus sealltainn dè tha dol air adhart air feadh na h-Alba agus tha e na dhòigh eile dhuinn sùil a chumail air cò tha a' gabhail pàirt!

Gheibh sibh clàr-ama nan tachartasan aig:
povertyalliance.org/events-page/

Faigh taic!

Gus taic a chumail ri ur com-pàirtichean ann an Seachdain Dhùbhlán don Bochdainn, is urrainn dhuinn:

- Sgaoil fios mu dheidhinn na tha sibh a' dèanamh tro mheadhanan sòisealta, meadhanan naidheachd, agus air a' mhìosachan againn.
- Thoir seachad trèanadh an-asgaidh air frèamadh, agus air a bhith a' cleachdadh nam meadhanan ionadail.
- Thoir seachad grafaigean airson na meadhanan sòisealta, agus goireasan eile.
- Thoir seachad comhairle 1-2-1 bho alyson.laird@povertyalliance.org



“ ‘S e iomairt air a bheil cruaidh fheum a th’ ann an Seachdain Dhùbhlain don Bochdainn . a’ toirt dhuinn uile cothrom gus tighinn còmhla gus meòrachadh air adhbharan bochdainn agus gus tuigse agus taic a bhrosnachadh do na fuasglaidhean dhì. Tha seo a’ fàgail Seachdain Dhùbhlain don Bhochdainn na cheann-latha cudromach ann am mìosachan Teaghlaichean Aon Phàrant na h-Alba, agus tha sinn a’ coimhead air adhart ri bhith an sàs a-rithist am-bliadhna gus an còmhradh mu bhochdainn atharrachadh.

One Parent Families Scotland



Cùm fios rinn



povertyalliance.org/CPW



alyson.laird@povertyalliance.org



0141 353 0440



@PovertyAlliance @CPW_Scotland



@PovertyAlliance



@PovertyAlliance

'S e cathranas Albannach a th' ann an Caidreachas na Bochdainn

‘S e fìor chothrom practaigeach a th’ ann an Seachdain Dhùbhlain don Bochdainn gluasad de dhaoine nas làidire a thogail an-aghaidh bochdainn, stèidhichte air na luachan ceartas agus coibhneas. Aig àm nuair a tha beatha a’ fàs nas cruaidhe do mhòran, tha e deatamach gun cuir sinn dùbhlain ris a’ bhochdainn.



#ChallengePoverty #CPW24

DUILLEAG 11

